

14 Màrt 2023

A phàrtaidh/neach-cùraim chòir,

San Fhaoilleach 2023, thadhail sgioba de luchd-sgrùdaidh Foghlam Alba air Àrd-sgoil Ìle. Rè an turais againn, bhruidhinn sinn ri pàrantan/luchd-cùraim agus ri daoine òga agus dh'obraich sinn gu dlùth ris a' cheannard agus an luchd-obrach.

Fhuair an sgioba-sgrùdaidh na neartan a leanas ann an obair na sgoile.

- Bidh àrd-stiùirichean agus luchd-obrach ag obair gu math còmhla gus feallsanachd dàimheil a leasachadh far a bheil cha mhòr a h-uile duine òg a' faireachdainn gu bheil a' cur luach orra agus gan gabhail a-steach. Tha buill den choimhearsnachd a' toirt deagh thaic don sgoil.
- Bidh daoine òga a' faighinn raon de bheachdan feumail, fa leth gu sònraichte bho AS3 gu AS6. Mar thoradh air sin, ro dheireadh AS6, bidh daoine òga a' coileanadh gu math ann an Teisteanasan Nàiseanta.
- Tha sgioba luchd-taic nan oileanach fìor èifeachdach ann a bhith a' planadh agus a' dèanamh lèirmheas air feumalachdan ionnsachaidh is sunnd dhaoine òga. Mar thoradh air sin, tha daoine òga a tha feumach air taic a bharrachd a' faireachdainn gu bheil iad air an gabhail a-steach agus a' soirbheachadh nan ionnsachadh.
- Tha daoine òga dèidheil air ionnsachadh agus coileanadh tron Ghàidhlig ann an diofar shuidheachaidhean. Tha seo air a choileanadh san sgoil, le cleachdadh teicneòlais agus tro chom-pàirteachasan stèidhichte sa choimhearsnachd.

Chaidh na raointean leasachaidh a leanas a chomharrachadh agus a dheasbad leis a' cheannard agus le riochdairean bho Chomhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid.

- Bu chòir don luchd-obrach air fad dòigh-obrach nas cunbhalach a leasachadh airson sgrùdadh adhartas ann an leasachadh sgoile. Bu chòir do àrd-stiùirichean sùil gheur a chumail air astar an atharrachaidh agus dèanamh cinnteach gu bheil luchd-ùidh ag obair còmhla ann an dòigh nas èifeachdaiche gus prìomhachasan leasachaidh a chomharrachadh. Bu chòir seo leantainn gu prìomhachasan nas brìoghmhor, iomchaidh agus àrd-amasach. Bu chòir do na prìomhachasan sin ath-sgrùdadh a ghabhail a-steach air curraicealam AS1 - AS3 gus dèanamh cinnteach gum faigh daoine òga eòlas air na tha làn-chòir aca.
- Bu chòir do thidsearan co-thuigse nas soilleire fhaighinn air na prìomh fheartan ann an ionnsachadh, teagasg agus measadh de dh'àrd-ìre. Bu chòir do thidsearan gnìomhan ionnsachaidh nas inntinniche a dhealbhaidh a bhrosnaicheas feòrachas agus conaltradh, dealas agus misneachd am measg dhaoine òga.
- Mar a bhathar an dùil, bu chòir do luchd-teagasg dòigh-obrach iomlan, làn-sgoile a leasachadh airson taic a thoirt do shunnd nan daoine òga air fad. Bu chòir seo a bhith a' toirt a-steach an luchd-obrach air fad a' leasachadh an tuigse air an dreuchdan agus

an dleastanasan ann a bhith a' toirt taic nas èifeachdaiche do shunnd dhaoine òga air fad. Bu chòir do luchd-obrach cuideachd ath-sgrùdadh a dhèanamh air a' phrògram foghlaim pearsanta is sòisealta gus am faigh a h-uile duine òg eòlas air prògram iomchaidh is adhartach a chuidicheas iad gus tapachd agus misneachd pearsanta a leasachadh.

- Bu chòir do dh'àrd-luchd-stiùiridh leantainn air adhart leis a' phlana aca gus Foghlam Luchd-ionnsachaidh agus Meadhan na Gàidhlig a leasachadh ach aig astar nas luaithe. Bu chòir do seo cuideachadh le bhith ag àrdachadh na h-àireimh de dhaoine òga a' faighinn duaisean agus teisteanasan san ìre as sine.

Chruinnich sinn fianais gus am b' urrainn dhuinn luachadh a dhèanamh air obair na sgoile le bhith a' cleachdadh taisbeanairean mathais bho [Dè cho math 's a tha an sgoil againn? \(an 4^{mh} eagrán\)](#). Tha taisbeanairean mathais a' cuideachadh sgoiltean, ùghdarrasan ionadail agus luchd-sgrùdaidh gus breithneachadh air dè tha a' dol gu math agus dè a dh'fheumar leasachadh. An dèidh sgrùdadh air gach sgoil, bidh Riaghaltas na h-Alba a' cruinneachadh fiosrachadh air na luachaidhean againn gus cunntas a chumail air dè cho math 's a tha sgoiltean na h-Alba a' dèanamh.

Gheibhear gu h-ìosal na luachaidhean a rinn Foghlam Alba air Àrd-sgoil Ìle

Taisbeanairean mathais	Luachadh
Ceannardas air atharrachadh	riarachail
Ionnsachadh, teagasg agus measadh	riarachail
A' dearbhadh sunnd, co-ionannachd agus in-ghabhaltas	math
Ag àrdachadh buileachadh agus coileanadh	math
Gheibhear tuairisgeulan de na luachaidhean bho: Dè cho math 's a tha an sgoil againn? (an 4^{mh} eagrán) , Pàipear-taic 3: An sgèile sia-puing	

Bidh sgrìobhainn nas mionaidiche, ris an canar Geàrr-chunntas air Toraidhean an Sgrùdaidh (SIF), ri faighinn air làrach-lìn Foghlam Alba aig:
[Duilleag nan Aithisgean | Aithisgean Sgrùdaidh – Foghlam Alba](#)

Dè a thachras a-nis?

Tha misneachd againn gu bheil an sgoil comasach air leantainn orra gan leasachadh agus, mar sin, cha dèan sinn tuilleadh tursan an lùib an sgrùdaidh seo. Cuiridh Comhairle Earra-Ghàidheal is Bhòid fios gu pàrantan/luchd-cùraim mu adhartas na sgoile mar phàirt den ullachadh aice airson a bhith ag aithris air ìre mathais a cuid sgoiltean.

Frances E. Graham

Neach-sgrùdaidh na Banrigh